

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	4
Àir. Aithisge	G/17/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 19 Samhain 2025

Tìotal Aithisge: Aithisg Cupa nan Dùthchannan Ceilteach

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt foir-shealladh air mar a chaidh FC Sonas agus Alba FA a chruthachadh is a leasachadh.
- 1.2 Tha an aithisg seo a' coimhead gu sònraichte air farpais Cupa nan Dùthchannan Ceilteach a chaidh a chumail ann an Inbhir Nis air 21 Ògmhios, 2025. Tha seo a' toirt am follais obair Alba FA ann a bhith a' toirt taic do libhrigeadh Plana na Gàidhlig (PG) tro bhith a' dèanamh na Gàidhlig nas follaisiche, tro chom-pàirteachadh òigridh agus tro chom-pàirteachadh coimhearsnachd.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. toirt fa-near dhan aithisg; agus
 - ii. leasachadh Cupa nan Dùthchannan Ceilteach aithneachadh agus brosnachadh a thoirt dhan àite aige ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig agus a' toirt choimhearsnachdan còmhla.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Tha libhrigeadh PG air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).
- 3.2 Laghail
Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas aig Comhairle na Gàidhealtachd gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig aice a bhuileachadh agus cunntas ceart a thoirt orra.
- 3.3 Cunnart
Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) –

Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.

- 3.5 Gàidhlig
Tha builean matha ann a thaobh a bhith a' gleidheadh is a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean corporra, eaconamach, foghlaim is coimhearsnachd.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh is ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29

- 5.1 Chaidh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 aontachadh le Comataidh na Gàidhlig agus leis an Làn-Chomhairle mus deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 7 Cèitean 2024. Tha adhartas gu ruige mion-amasan a' Phlana Ghàidhlig air a sgrùdadh tron t-Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnaire (*Performance and Risk Management System – PRMS*).
- 5.2 Chuir Cupa nan Dùthchannan Ceilteach taic ri Plana Gàidhlig na Comhairle tro bhith a' comharrachadh na Gàidhlig an dà chuid mar chànan coimhearsnachd agus mar stòras eaconamach. Thug an fharpais daoine còmhla bho air feadh nan dùthchannan Ceilteach, a' cruthachadh faireachdainn de cho-mhuinntireas agus moit sa Ghàidhlig agus ann an cultar Ceilteach. Bha buidhnean coimhearsnachd is gnothachasan ionadail a' gabhail pàirt tro na tachartasan, a' cuideachadh gus an cànan a chumail follaiseach is air a mheas luachmhor. Thug an fharpais cuideachd spionnadh dhan eaconamaidh ionadail, le sgioba agus luchd-tadhail às a' Chòrn a' toirt taic dhan tachartas. Sheall seo mar as urrainn dhan Ghàidhlig daoine a thoirt còmhla agus taic a thoirt do ghnìomhachasan ionadail aig an aon àm.
- 5.3 Thug Cupa nan Dùthchannan Ceilteach taic do na cuspairean a leanas ann am Plana na Gàidhlig:

Cuspair 1: Coimhearsnachdan agus Dachaigh, gu sònraichte fo Phrìomhachas Ro-innleachdail 1.1 a tha ag amas air taic a mheudachadh do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lìonraidhean anns a bheil iad ag obair.

Cuspair 3: Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnìomhachasan is iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba.

Chuir an tachartas ri bhith a' libhrigeadh nam builean rùnaichte ann an Cuspair 3.

- Cuir a' Ghàidhlig air adhart mar ghoireas eaconamach luachmhor.
- Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig sna raointean a leanas:
 - Gnìomhachasan cruthachail
 - Turasachd
 - Roinnean bìdh is deoch
 - Iomairtean sòisealta
- Thoir taic do ghnìomhachasan a tha a' cleachdadh na Gàidhlig gus:
 - dearbh-aithne a' bhrann aca a neartachadh
 - com-pàirteachas le coimhearsnachdan a mheudachadh.
 - cur ri eaconamaidh na Gàidhealtachd.

6. FC Sonas – stèidheachadh agus leasachadh Alba FA

6.1 Am-bliadhna thathar a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Chaidh dithis sgoilearan a bha an lùib FtG ann an Inbhir Nis, Calum MacFhearghais agus Donaidh Foirbeis, air adhart gus an dealas lasanta do chànan na Gàidhlig agus ball-coise a thoirt còmhla tro bhith a' stèidheachadh club ball-coise coimhearsnachd Gàidhlig, FC Sonas. Bha iad a' faireachdainn gum b' urrainn do bhall-coise a' Ghàidhlig a chuideachadh, chan ann a-mhàin gus mairsinn beò ach gus soirbheachadh cuideachd, tro bhith a' toirt na Gàidhlig thar an t-seòmair-theagaisg agus a-steach dhan choimhearsnachd.

Thòisich FC Sonas an toiseach le bhith a' libhrigeadhampaichean ball-coise do sgoilearan FtG ann an Inbhir Nis le taic bho Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Cha do chuir Covid is na glasaidhean-sluaigh bacadh air fàs, agus fhuair FC Sonas maoinachadh bho Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd gus seiseanan air-loidhne a libhrigeadh. Bha seo a' gabhail a-steach:

- sia bhidiothan ball-coise a bha air an coimiseanadh gus cleasan spòrsail a' buntainn ri ball-coise/slàinte a chur air dòigh do theaghlaichean.
- sreath a bharrachd de bhidiothan a' buntainn ri ball-coise/slàinte gus tidsearan is ceannardan cluba a chuideachadh gus seiseanan a phlanadh do chloinn. Bha na bhidiothan shuas rim faotainn do sgoilearan bun-sgoile is àrd-sgoile FtG air feadh na Gàidhealtachd.
- sreath de chòmhradhean eadar-obrachail air-loidhne le bun-sgoiltean FtG.

Chaidh naampaichean ball-coise tùsail a chaidh a libhrigeadh an toiseach ann an Inbhir Nis a leudachadh guampaichean a chaidh a chumail sa Ghearasdan agus san Eilean Sgitheanach air sàillibh ìre àrd de chom-pàirteachadh agus fios air ais math bho theaghlaichean.

Chaidh cuireadh a thoirt do FC Sonas gusampaichean samhraidh eadar-nàiseanta a libhrigeadh ann an Canada, a' ceangal an dà dhùthaich ri chèile tron dualchas Ghàidhlig cho-roinnte aca.

Às dèidh soirbheachas leantainneach FC Sonas, chaidh Alba FA a chur air bhonn mar a' bhuidheann le dleastanas airson a bhith a' leasachadh chlubaichean ball-coise coimhearsnachd Gàidhlig air feadh na dùthcha agus airson a bhith a' ruith sgiobaidhean nàiseanta Gàidhlig. A bharrachd air FC Sonas ann an Siorrachd Inbhir Nis, tha clubaichean coimhearsnachd Gàidhlig a-nis stèidhichte ann an Uibhist agus Glaschu.

Tha Alba FA air leantainn air adhart a' leasachadh nam prògraman taice aca do dh'òigridh agus le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd gus seiseanan ball-coise Gàidhlig a thabhann gach seachdain ann an Inbhir Nis, Drochaid Sguideil agus sa Ghearasdan, an dà chuid do sgoilearan bun-sgoile is àrd-sgoile.

Tha na seiseanan bun-sgoile mar phàirt de phrògram trèanaidh nas fharsainge 'Extra-Time' aig Comann Ball-coise na h-Alba, far a bheil Alba FA air a bhith ann an com-pàirteachas le Urras Coimhearsnachd Club Ball-coise Caledonian Thistle Inbhir Nis gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan bunaiteach ann a bhith a' faighinn cothrom air cleasan spòrs is òigridh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am prògram a' libhrigeadh chlubaichean ball-coise bracaist is às dèidh sgoile gach seachdain tro mheadhan na Gàidhlig do sgoilearan aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

A bharrachd air na clubaichean seachdaineach, bidh Alba FA a' cur thachartasan coimhearsnachd air dòigh a leithid farpais nan Dùthchannan Ceilteach, a chaidh a chumail ann an Inbhir Nis air 21 Ògmhios 2025. Bha an tachartas seo a' gabhail a-steach seiseanan do sgoilearan FtG ron gheama an aghaidh sgioba fhear Kernow FA, a' toirt dualchas co-roinnte còmhla tro bhall-coise. Bha teaghlaichean agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd an làthair, a' toirt ghinealaichean còmhla. Am measg nan tachartasan coimhearsnachd eile tha campaichean ball-coise agus geamaichean rè Seachdain na Gàidhlig agus tron Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Tha Alba FA air cuideachadh gus taic a thoirt do sgoiltean far a bheil e air a bhith gu cunbhalach doirbh dreuchdan Gàidhlig a lìonadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil leantainneachd solair ann a thaobh bogadh sa Ghàidhlig tro uairean na sgoile agus a' cuideachadh gus deagh eisimpleirean agus cothroman cànan sa Ghàidhlig a chumail suas do sgoilearan. Tha an t-subailteachd aca gus taic a thoirt seachad ann an sgoiltean agus an dealas aca a thaobh na Gàidhlig, a' ciallachadh gu bheil iad nan com-pàirtichean luachmhor sna h-oidhirpean againn gus an cànan a neartachadh is a chumail suas air a' Ghàidhealtachd.

Tha Alba FA a' coimhead air adhart agus an dòchas an sgioba de choidseachan saor-thoileach is de cheannardan òga aca a leasachadh gus taic a chur ri fàs Prògram Chleasan Ball-coise Às Dèidh Sgoile. Tha cuid de sgoilearan FtG aig an ìre as àirde san sgoil nach eil a' faighinn Gàidhlig sa chlàr-ama air sàillibh roghainnean cuspair agus tha iad a' faighinn eòlas ann an ceannardas tro bhith ag obair gu saor-thoileach còmhla ri Alba FA gus taic a thoirt do choidseachan a tha a' libhrigeadh chlubaichean. Tha seo a' toirt cothrom do dhaoine òga a bha an lùib FtG ach nach eil tuilleadh an lùib sgoilearachd sa chànan, leantainn air adhart a' cleachdadh na Gàidhlig agus tha seo cuideachd a' toirt seachad ceangal luachmhor ris a' choimhearsnachd. Tha an com-pàirteachas làidir eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Alba FA a' toirt barrachd com-pàirteachaidh gu buil ann an coimhearsnachdan, a' daingneachadh cànan na Gàidhlig mar phàirt de bheatha làitheil.

- 6.2 Tha a' ghrafaig-fhiosrachaidh seo, a chaidh a chruthachadh le Alba FA, a' toirt foir-shealladh de na h-àireamhan a tha a' gabhail pàirt thar seiseanan sgoile is coimhearsnachd ann an 2024/25.



Tha **Eàrr-ràdh 1** a' toirt fiosrachadh bho Alba FA mu Fhèis nan Dùthchannan Ceilteach.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 10 Dàmhair 2025

Ùghdar: Dolina Ghrannnd, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Fèis nan Dùthchannan Ceilteach, Alba FA

Fèis nan Dùtcannan
Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025



Celtic Nations Festival

Alba FA vs Kernow FA

Inverness, Highlands.

An t-Ògmhios | June 2025



FOREWORD

It gives us great pleasure to write this report after a highly successful 2025 collaboration between the ALBA FA and KERNOW FA supported by The Highland Council Gaelic team.

Thanks to funding kindly provided by the Highland Council, the Alba FA was proud to welcome Cornwall-based Kernow FA to the Highlands for an inaugural Celtic Nations Cup match that brought two of the six Celtic Nations together through football and heritage.

Leveraging football as a vehicle to celebrate and share the Gaelic language, the Celtic Nations Festival included a Community Youth Session, a Cultural Highland Gathering and an historic match as the Alba FA played its first match on home soil in front of 305 spectators.

Since the restructuring of FC Sonas and the launch of the Alba FA last year at the Euro 2024 in Germany the project has gone from strength to strength. This was highlighted by 83 young Gaelic players attending the Community Youth Session and setting a new record attendance exceeding our previous highest set a few months earlier during Seachdain Na Gàidhlig (76).

This was a showcase of our initiative, demonstrating that football can be a tool to connect our communities, inspire the next generation and grow new Gaelic opportunities in sports.

Calum MacFhearghais
Co-Founder
Alba Football Alliance



Fèis nan Dùtchannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

NOTE TO OUR FUNDING & HOSTING PARTNERS

We extend our heartfelt thanks to **THE HIGHLAND COUNCIL** for generous funding towards hosting the Celtic Nations Festival. The support was instrumental in making the event a resounding success and a memorable Gaelic experience for all involved.

Your commitment to enhancing local events and promoting community engagement is truly commendable. Your support also showcased the Alba FA as a vibrant and enthusiastic development for sports and entertainment connected to heritage.

By supporting us, you've helped create a platform for youth to engage with the Gaelic language through sport and experience the thrill of football. This contribution highlights a commitment to celebrating Gaelic and enhancing the cultural life of the Highlands.



Fèis nan Dùtchannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

KEY EVENTS



Youth Session 11:30AM - 13:30PM

Players: Inverness, Lochaber, Ardnamurchan, Nairn & Ross-shire
83 Children Attended (Alba FA Record Participation)

Highland Gathering

Cheryl Heggie Highland Dance & Piper Innes Scullion



Celtic Nations Cup

Alba FA vs Kernow FA
Fan Attendance - 305
Multigenerational Gaelic Interactions

Cup Presentation

Presented by HIE Chief Executive Stuart Black



Cultural Exchange

First-ever sports event bringing together Celtic Nations



Fèis nan Dùtcannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

REVENUE

HIGHLAND COUNCIL FUNDING

£2643.43

TICKET SALES

£1021.64

ALBA FA FUNDS

£350.91

£4015.98

EXPENSES

FACILITY HIRE & MEALS

£1562.50

MEDIA & PROMOTION

£1010.82

MATERIALS (Cup, Signage, Equipment)

£1442.66

£4015.98



Fèis nan Òdachannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

RECAP

The festival kick-started with a pre-match football session (U6-U14 GME) with participants travelling from **Inverness-shire, Ross-shire and Lochaber**. This event brought players together from across Alba FA community programmes for an inter-generational football experience. Young players had the chance to play on the pitch and meet the Alba FA senior team, who stepped into coaching roles to create Gaelic connections and build a buzz for the Celtic Nations Cup clash.

This was followed by a **Pre-Match Highland Gathering** as gates opened to a welcome from **piper Innes Scullion** followed by a **Cheryl Heggie Highland Dance performance**. Supporters enjoyed the build-up as the teams warmed up and line-ups were announced, with a Gaelic music playlist in the background.

The teams then walked out for the national anthems “**Cornwall My Home**” and “**Cànan nan Gàidheal**” to mark the beginning of the cultural exchange match. The Alba FA Men’s National Team represents Scottish Gaelic speakers, while the Kernow FA Men’s Team reflects Cornish culture and the region of Cornwall.

On the **summer solstice**, we connected through football, language, and shared heritage as we celebrated two Celtic Nations coming together through football.



IMPACT

“Taing mhòr airson an deireadh sheachdain. Bha balach beag agam ann comhla ri minibus làn clann bho Bun-sgoil Àth-Tharracail agus bha là air leth aca.”

The above quote provided by a parent encapsulates the impact of the Celtic Nations Festival with a **mini-bus from Acharacle making the 216 mile round trip** to attend as player mascots. Young players did not only participate in the community football session, but were also allocated roles as mentioned player mascots, ball boys and ball girls, alongside a group of 'Alba Ultra Fans' who were giving a drum and Gaelic songs to sing to cheer on their Gaelic team.

This allowed the next generation to have an active experience within the events and feel a part of their community. **Intergenerational interactions** are essential to provide positive role model figures and diverse language exchanges that process the usage of Gaelic into social settings.

This event was a summer climax for the Alba FA and Highland Councils After-School Football Activity Programme which provided regular weekly access to Gaelic participation opportunities. Across 3 regions - Inverness, Lochaber and Ross-shire - a reach of 150 players was recorded totalling an average of **33.06% of all GME pupils** signing up for **FREE** weekly sessions. The pilot programme was a massive success which we hope to expand for the new academic year.



PROJECT SUMMARY

“Tòrr spòrs is fealla-dhà! Nuair a thòisich mise sa GME (1992) cha robh ann ach daoine aosda mun cuairt a cleachdadh Gàidhlig. Tha mi cho toilichte gu bheil deagh-eisimpleirean òg aig na clann agam a nis a tha dèanamh rudan mar cluich ball-coise tro meadhan na Gàidhlig. Sgoinneil!”.

This year marks 40 years since the establishment of GME in the Highlands. On this landmark anniversary, we were proud to showcase **a new chapter in the Gaelic language movement**. **Progressing the language from the classroom to the playing field** brings Gaelic into everyday social settings, building on the strong educational foundations laid by our schools.

The Alba FA team demonstrates Gaelic as a living, breathing force and that given the right environment to do so, the language can continue to adapt and thrive in contemporary society. With senior players travelling out of their own pocket from **North & South Uist, the Isle of Lewis, the Isle of Skye, Glasgow and Inverness** this team is a reflection of the **Gàidhealtachd**.

After the match, young players gathered around the Alba FA team for autographs, shirts, photos, and to share their thoughts on the game. Why? We have no Messi or Ronaldo. They understand that this is **their team**, a team they can shape, where they are heard, and where they can proudly **express their Gaelic identity**. In the world of bright lights and opportunity, this is uniquely Gaelic.



2025 TOUR HIGHLIGHTS

Hamish MacDonald, Community Club Player:

“Tha mi an dochas gum bi seo a tachairt a h-uile seachdain mar ann an league. ‘S e cothram uabhasach math a th’ann airson Gàidhlig a bruidhinn agus airson a h-uile a’ tighinn ri chèile airson spòrs”.

[CelticNationsReportBBC](#)



Fèis nan Dùtchannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

PROMOTION



Sales Ended



Saturday, 21 June

Alba FA vs Kernow FA

We're excited to invite you all to our first Alba FA match hosted in the Highlands! (3PM Kick-Off).

Sales Ended

[Explore similar events](#)



By Alba FA

[Follow](#)

Date and time

 Sat, 21 Jun 2025 12:00 - 17:00 BST. Doors at 11:30am



Fèis nan Dùtchannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025

MEDIA



Calum Ferguson on the power of football to promote Gaelic ahead of Alba FA fixture in Inverness

A Scotland team made up of Gaelic speakers will face the Kernow Football Alliance next weekend.



Alba Football Alliance players Calum Ferguson, left, and Harry Nicolson, right, alongside Innes Scullion who is Alba FA's operations manager. Photo courtesy of Dylan Lawrence.



by Callum Law

June 16 2025, 6:00 am



Home News Nairnshire Politics Sport Lifestyle Business

Footballers from Clachnacuddin, Forres Mechanics and Inverness Athletic named in Alba FC squad for 'Celtic Nations' clash in Inverness

By Niall Harkiss - niall.harkiss@hnmmedia.co.uk

Published: 12:03, 19 June 2025

Register for free to read more of the latest local news. It's easy and will only take a moment.

Join us



The Herald

Subscribe

News Politics Sport Voices Business HQ Features USA Today Campaigns Announcements Events Shop
Sport > Football Game Changer Aberdeen Dundee Dundee U Kilmarnock Motherwell P Thistle St Mirren

Bid to create Scotland team made up of Gaelic speakers

25TH JUNE GAELIC SCOTLAND NATIONAL TEAM FOOTBALL SPORT SCOTLAND



By Craig Williams
Reporter

Share

0 comments



The Tartan Army



FLUENT GAELIC & LEARNER PARTICIPATION

COMMUNITY SESSION	83
ALBA MNT PLAYERS & COACHES	23
ALBA FA COMMUNITY COACHES	10
EVENT VOLUNTEERS	36
TOTAL	152

BUILDING FOR THE FUTURE

What the next 40 years could hold...

Supported by HIE we travelled to Iceland for this year's innovation week and visited **Breidablik one of Iceland's largest multi-sports grassroots clubs**. In the 1990s, Iceland faced a crisis of youth drug use. Traditional prevention methods, focused on warnings and awareness campaigns, were proving ineffective. In response, the **Planet Youth** model was developed: a pioneering, evidence-based approach that shifts focus from individual behaviour to the broader *environment* surrounding young people.

Youth wellbeing depends on healthy ecosystems - **schools, sports clubs, families and community centres** - so too does language survival. It flourishes when embedded in daily life, social bonds, and shared identity. In Iceland, strong partnerships between local councils and community sports groups have transformed facilities, increased participation, and embedded cultural identity into everyday activity. By working together, they have created spaces where language, sport, and community thrive side by side.

The Icelandic model offers us a proven path, and with their population smaller than the Highlands and Islands, we can do the same here. A partnership between the Alba FA, Highland Council and Highlands and Islands Enterprise (HIE) could bring together our Gaelic communities - from Inverness, Ross-shire, and Lochaber - under a shared vision. Could the UHI astro pitch development offer an opportunity for a **Gaelic Sports Hub**?



Fèis nan Dùtchannan Ceilteach

Uair àirde na Grèine, Disathairne 21mh an t-Ògmhios 2025



BHO GACH NEACH AIG ALBA FA TAPADH LEIBH

THA SINN A'COIMHEAD AIR ADHART RI BARRACHD
COM-PÀIRTEACHAS LE COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD.

#IsSinneAlba | #WeAreAlba

